





PLANA GÀIDHLIG COMHAIRLE BAILE DHÙN DÈ 2015-2020



Chaidh am plana seo ullachadh fo stiùireadh
Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig
air 17 Sultain 2015





Facal-toisich bho Stiùiriche Comhairle Baile Dhùn Dè

Is e seo a' chiad Phlana Gàidhlig aig Comhairle Baile Dhùn Dè, agus tha sinn ga fhaicinn mar thoiseach tòiseachaidh airson ar taic don Ghàidhlig a leasachadh. Is e ar n-amas cur ri lèirsinn Riaghaltas na h-Alba a thaobh seasmhachd na Gàidhlig a dhìon le bhith ag adhartachadh ìomhaigh a' chànan agus a' cruthachadh barrachd chothroman do dhaoine air Gàidhlig fhaicinn agus a bhith ga labhairt. Bidh am plana againn cuideachd a' cur taic ri coileanadh Buil Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba 'Tha sinn a' dèanamh uail à dearbh-aithne nàiseanta a tha in-ghabhalach, cothromach agus làidir'.

Tha Comhairle Baile Dhùn Dè dealasach a thaobh spèis co-ionann a thoirt don Ghàidhlig mar aithneachadh do a h-inbhe mar aon de chànanan nàiseanta na h-Alba, mar a tha i a' cur ri saidhbhreas agus iomadachd cultar na h-Alba agus a cudromachd an taobh a-staigh dualchas ar nàisein.

Ged nach eil a' Ghàidhlig air a bhith ga cleachdadh fada is farsaing ann an Dùn Dè san àm a dh'fhalbh, bhathar ga labhairt aig aon àm anns gach ceàrnaidh de dh'Alba. Tha coltas ann gur e a' Ghàidhlig am prìomh chànan ann an Dùn Dè eadar agus timcheall air 800-1200 AD agus bhathar fhathast ga labhairt ann an 1791 nuair a chaidh caibeal a thogail ann an Dùn Dè airson 'Gàidheil a thàinig don bhaile o chionn ghoirid' ('s dòcha bho ghleanntan Bhràigh Aonghais seach bhon iar-thuath) agus bha coitheanal na h-Eaglaise Gàidhlig mu dheireadh ann an Dhùn Dè a' coinneachadh gu 1923, ann an togalach mu choinneamh Gailearaidhean MhicMhànais. Bha 'Baile beag Gàidhlig' ann an achaidhean an lìn aig iomall Dhùn Dè, le luchd-labhairt na Gàidhlig a thàinig a Dùn Dè bho ghleanntan Bhràigh Aonghais sa mhòr-chuid a' fuireach ann, leis am b' fheàrr a bhith ag obair a-muigh seach ann am factaraidhean. Tha an t-ainm Dùn Dè fhèin le tùs Gàidhlig agus chaidh àireamh de dh'ainmean sa bhaile a dhèanamh suas nuair a bha a' Ghàidhlig ga cleachdadh gu farsaing. Mar eisimpleir, tha an t-ainm Balgay Hill a tha a' coimhead thairis air a' bhaile a' tighinn bhon ainm Baile Gaoithe sa Ghàidhlig (fearann a' bhoglaich / na gaoithe) agus tha ainm aon de na h-àrd-sgoiltean againn Baldragon a' tighinn bhon ainm Baile Dreagan sa Ghàidhlig (fearann an dràgain, far a bheil dràgan a' ciallachadh 'gaisgeach'). Tha ainmean shràidean ionadail a' tighinn bhon Ghàidhlig leithid Rathad Cheann Lochain agus Rathad Bhaile an Àird agus tha eòlas air am brìgh gar cuideachadh gus eachdraidh nan àiteachan sin a thuigsinn.

Bho nach eil àireamh mhòr de dhaoine ann an Dùn Dè le Gàidhlig san latha an-diugh, cleachdaidh a' Chomhairle dòigh dhearbhadh ach co-rèireach an lùib ar n-oidhirpean air a' Ghàidhlig adhartachadh, a' gabhail a-steach ghnìomhan gus inbhe na Gàidhlig a neartachadh agus togail is ionnsachadh a' chànan adhartachadh. Ann an co-rèir ri dealas Dhùn Dè gu bhith na 'baile cultair', cuiridh sinn cuideam sònraichte air cothroman gus Gàidhlig adhartachadh tro thaic do ghnìomhachdan is tachartasan cultarach.

An Comhairliche Ken Guild
Stiùiriche Comhairle Baile
Dhùn Dè



Clàr-innse

Geàrr-iomradh.....	5
Caibideil 1 – Ro-ràdh.....	6
• Co-theacs.....	6
• Dleastanasan agus Prìomhachasan Comhairle Baile Dhùn Dè.....	6
• Gàidhlig ann an Dùn Dè.....	7
Caibideil 2 – Prìomh Dhealasan.....	9
• Dearbh-aithne.....	9
• Conaltraidhean.....	10
• Foillseachaidhean.....	12
• Luchd-obrach.....	14
Caibideil 3 – Cur Taic ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig.....	16
• Togail Cànan.....	17
• Cleachdadh Cànan.....	18
• Inbhe Cànan.....	20
• Corpas Cànan.....	20
Caibideil 4 – Follaiseachadh, Buileachadh agus Sgrùdadh a’ Phlana.....	21
Fiosrachadh Taic.....	21

Geàrr-iomradh

Tha Comhairle Baile Dhùn Dè a' tuigsinn gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt iomlan de dhualchas, dearbh-aithne nàiseanta agus beatha chultarach na h-Alba. Tha a' Chomhairle dealasach a thaobh nan cinn-uidhe a tha air an cur sìos ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus gnìomhach ann a bhith a' cur taic ri seasmhachd don Ghàidhlig ann an Alba san àm ri teachd.

Tha suidheachadh na Gàidhlig cugallach agus ma tha i gu bhith air a h-ath-neartachadh mar chànan beò ann an Alba, bidh feum air oidhirp cho-òrdanaichte leis an riaghaltas, na roinnean poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth, gu bhith:

- a' neartachadh inbhe na Gàidhlig
- ag adhartachadh togail is ionnsachadh air a' Ghàidhlig
- a' brosnachadh meudachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig

Is e an sgrìobhainn seo Plana Gàidhlig Comhairle Baile Dhùn Dè, air ullachadh an taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' mineachadh mar a chleachdas sinn a' Ghàidhlig sets ann an gnìomhachadh ar dleastanasan agus mar a dh'obraicheas sinn gu adhartachadh agus fàs air cleachdadh na Gàidhlig, a' coileanadh dòigh-obrach dhearbhadh ach co-rèireach a bhios ag aithneachadh traidisean a' bhaile agus cleachdadh na Gàidhlig san latha an-diugh. Is e ar n-amas a bhith taiceil, agus a' comasachadh cleachdadh na Gàidhlig chun na h-ìre as àirde a tha iomchaidh anns na suidheachaidhean sònraichte san sgìre againn.

Tha buileachadh a' Phlana againn an crochadh gu ìre air neart ar com-pàirteachais le Cur-seachadan is Cultar Dhùn Dè (Leisure and Culture Dundee), a' bhuidheann a tha a' solarachadh sheirbheisean cultarach às leth na Comhairle, agus tha iad air an taic don Phlana agus an dealas a dhaingneachadh a thaobh a bhith ag obair leis a' Chomhairle gus a cinn-uidhe a liubhairt. Tha sgrùdadh foirmeil air a' chom-pàirteachas ga choileanadh tro aithisg bhliadhnail gun Chomataidh agus coinneamh bhliadhnail eadar àrd-oifigearan na Comhairle agus Bòrd-stiùiridh Chur-seachadan is Cultar Dùn Dè. Bidh na coinneamhan sin, còmhla ris na dàimhean obrach dlùth eadar na buidhnean agus coinneamhan cunbhalach aig ìre oifigearan airson deasbad air coileanadh, a' solarachadh cothrom air a dhèanamh cinnteach gu bheil seirbheisean a thathar a' liubhairt às leth na Comhairle, a' cumail ri prionnsapalan a' Phlana seo.

Tha am Plana seo air ullachadh ann an co-rèir ri slatan-tomhais reachdail mar a tha air am mineachadh ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, le dlùth-aire ga thoirt do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus Stiùireadh Bhòrd na Gàidhlig a thaobh Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Caibideil 1 – Ro-ràdh

1.1 Co-theacs

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a chur an gnìomh le Pàrlamaid na h-Alba, ag amas air tèarainteachd fhaotainn do dh'ìnbhe na Gàidhlig mar chànan oifigeil ann an Alba, ag àithneadh spèis co-ionann ri Beurla.

B' e aon de phrìomh fheartan na h-Achd 2005, comas a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig riatanas a chur air ùghdarrasan ionadail gu Planaichean Gàidhlig ullachadh. Bha seo air a dheilbh gus a dhèanamh cinnteach gum bi an roinn phoblach ann an Alba gnìomhach ann an cruthachadh seasmhachd don Ghàidhlig san àm ri teachd le bhith a' togail a h-ìnbhe agus a h-ìomhaigh agus a' cruthachadh chothroman dèantach airson a cleachdadh. Fhuair Comhairle Baile Dhùn Dè fios bhon Bhòrd san Lùnastal 2013 a thaobh riatanas air Plana a thoirt gu buil ron Ghearran 2015, agus tha sinn a' gabhail le taingealachd ris a' chuideachadh a fhuairleadh bho luchd-obrach a' Bhùird ann an leasachadh a' Phlana seo. Ann an aontachadh ris a' Phlana seo, bheir Comhairle Baile Dhùn Dè èifeachd don phrionnsapal gum bu chòir spèis co-ionann a nochdadh don Ghàidhlig agus don Bheurla.

Tha an Achd 2005 ag iarraidh gun toir buidhnean poblach ullachadh air am Planaichean Gàidhlig gu aire gach pàrtaidh le ùidh. Tha Comhairle Baile Dhùn Dè air co-chomhairleachadh le buidhnean ionadail agus leis a' phoball san fharsaingeachd às leth dreach den Phlana Ghàidhlig aca agus air cunntas a ghabhail air riochdachaidhean a chaidh a chur air adhart thuca aig àm a' phròiseis co-chomhairleachaidh.

Chaidh am Plana aontachadh le Comhairle Baile Dhùn Dè san Lùnastal 2015 agus le Bòrd na Gàidhlig san t-Sultain 2015.

1.2 Dleastanasan agus Prìomhachasan Comhairle Baile Dhùn Dè

Tha Comhairle Baile Dhùn Dè a' libhrigeadh seirbheisean an riaghaltais ionadail uile do bhaile-mòr Dhùn Dè, anns a bheil àireamh-sluaigh de 147,268. Tha còrr air 7,000 neach air fhadthad leis a' Chomhairle, am fastaiche as motha sa bhaile, agus tha caiteachas air teachd-a-steach lom bliadhna aig £350 millean (2014-15) a thuilleadh air prògram cudromach de sheilbheachd calpa ann an sgoiltean, taigheadas, goireasan coimhearsnachd, rathaidean, cùram sòisealta, cur-seachadan agus spòrs.

Tha Plana na Comhairle 2012-2017 a' comharrachadh ar prìomhachasan mar:

- Obraichean tron Waterfront, nithean ath-nuadhachail, saidheansan beatha, gnìomhachasan cruthachail agus roinnean eile.
- In-ghabhaltas sòisealta tro ar Ro-innleachd Cothromachd, Ga Fhaighinn Ceart do Gach Pàiste agus Eadar-theachd Tràth gus cuideachadh le daoine òga a chumail cuimsichte air ceann-uidhe dearbhach agus gach neach a' sireadh ri feabhas a thoirt air an slàinte.
- Càileachd Beatha do na h-Uile tro bhith a' togail choimhearsnachdan nas làidire, a' coileanadh Ìre Càileachd Taigheadais Alba, a' cumail suas agus a' leasachadh ar n-àrainneachd thogte is ar n-àrainneachd nàdarra.

Tha a' Chomhairle a' gabhail ri lèirsinn Com-pàirteachais Dhùn Dè, gum bi Dùn Dè:

- eaconamaidh làidir agus seasmhach aig Dùn Dè, a sholaracheas obraichean do na daoine ann an Dùn Dè, a' gleidheadh barrachd cheumnaichean agus ag uidheamachadh a' bhaile gu bhith na iom-tharraing do thàlant ùr.
- a' tairgsinn fìor thaghadh agus Dè chothrom ann am baile-mòr a tha air dèiligeadh ri prìomh adhbharan às-

dùnaidh sòisealta is eaconamach, a' cruthachadh coimhearsnachd a tha fallain, sàbhailte, misneachail, foghlamaichte agus cumhachdaichte.

- na bhaile beòthail is tarraingeach le càileachd beatha a tha sàr-mhath far am bi daoine a' ròghnachadh a bhith a' fuireach, ag ionnsachadh, ag obair agus a' tadhal.

Còmhla ri ar com-pàirtichean agus Riaghaltas na h-Alba, tha a' Chomhairle dealasach a thaobh na builean a tha air am mìneachadh ann an Aonta Buil Singilte Dhùn Dè a choileanadh, a tha a' dèiligeadh le obraichean, foghlam, clann, slàinte agus sunnd, cùram, neo-ionannachd, sàbhailteachd, cothromachd, coimhearsnachdan agus seasmhachd.

An dèidh a bhith ainmeil aig aon àm airson muilnean diut agus togail shoithichean, tha Dùn Dè air e fhèin ath-innleachadh mar ionad shàr-mhathais ann an geamannan coimpiutair agus bith-theicneòlas. Tha cultar air a bhith mar pàirt àibheiseach de ath-nuadhachadh a' bhaile, le Ionad Ealain Cho-aimsireil ùr-nodha; an aon chompanaidh coileanaidh theatar cunbhalach san Rìoghachd Aonaichte aig Rep Dhùn Dè, cuideachd na dachaigh do Theatar Dannsa na h-Alba; nithean tarraingeach a choisinn duaisean leithid Discovery, Verdanta Works, An t-Ionad Saidheans agus am MacMhànaidh; àireamh de fhèisean agus suidheachadh cultarach beòthail ionadail. Fosglaidh an V is A ann an Dùn Dè ann an 2017 mar phàirt de phròiseact a chruth-atharraicheas Sealladh-uisge a' bhaile, agus chaidh Dùn Dè a shònrachadh o chionn ghoirid mar Bhaile Dealbhaidh UNESCO.

1.3 1.3.Gàidhlig ann an Dùn Dè

Chan eil coimhearsnachd mhòr Ghàidhlig ann an Dùn Dè gu làithreach. Nochd cunntas-sluaigh 2011 gun robh 474 neach (0.33%) ag ràdh gu bheil Gàidhlig aca agus thuirt 48 (0.03%) gur e seo an cànan a tha iad a' cleachdadh san dachaigh. A-mach à àireamh-sluaigh de 142,489 de dh'aois trì bliadhna agus còrr, chlàr cunntas-sluaigh 2011, gu bheil:

- 440 a' tuigsinn Gàidhlig ach nach eil iad ga labhairt, ga leughadh no ga sgrìobhadh.
- 238 a' labhairt, a' leughadh agus a' sgrìobhadh Gàidhlig.
- 192 ga labhairt ach chan eil iad ga leughadh no ga sgrìobhadh.
- 40 ga labhairt agus ga leughadh ach chan eil iad a' sgrìobhadh ann an Gàidhlig.
- 119 a' leughadh ach chan eil iad ga labhairt no a' sgrìobhadh Gàidhlig.
- measgachadh de sgilean ann an Gàidhlig aig 44.

Mar sin, tha 1,073 neach (0.75%) gu h-iomlan thairis air aois trì bliadhna ag aithris gu bheil co-dhiù aon sgil Ghàidhlig aca. Tha buidhnean ionadail ann le ùidh mhòr ann an Gàidhlig agus tha a' Chomhairle dealasach a thaobh taic a chur riutha nan oidhirpean air mothachadh a thogail do chànan is cultar na Gàidhlig agus cothroman a sholarachadh do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.





Tha Comainn Gàidhealach/Gàidhlig air a bhith ann an Dùn Dè bho 1814 agus tha Comann Gàidhealach Dhùn Dè ann an Dùn Dè fhathast ann an riochd eile den chiad chomann. Tha Comann Ciùil Gàidhlig Dhùn Dè gnìomhach sa bhaile agus àireamh de dhaoine fa leth an sàs ann an teagasg, eadar-theangachadh agus adhartachadh na Gàidhlig.

Tha Leabharlann Ionadail Dhùn Dè a' solarachadh dachaigh do dh'Ionad Dualchais Wighton airson Ionnsachadh is Luachadh Ceòl Albannach, a tha a' gabhail a-steach cruinneachadh ainmeil Wighton de cheòl tràth Gàidhlig clò-bhuailte.

Bidh Caraidean Wighton ag eagrachadh chuirmean-ciùil agus chlasaichean gus mothachadh a thogail don ghoireas seo agus tha iad dealasach a thaobh a bhith ag ath-nochdadh dualchas Gàidhlig na dùthcha. Tha am Mòd Nàiseanta air a chumail ann an Dùn Dè 5 tursan leis an turas mu dheireadh ann an 1974.

Tha Biùro Co-chruinneachaidh Dhùn Dè agus Aonghais, a bhios a' cuimseachadh air co-labhairtean is coinneamhan a thàladh don sgìre, gu gnìomhach ag adhartachadh na Gàidhlig tro cheòl le bhith a' moladh sheinneadairean Gàidhlig a bhith mar phàirt de phrògraman sòisealta cho-labhairtean. Tha seo gu h-àraid feumail ann an co-labhairtean eadar-nàiseanta agus a' coileanadh pàirt ann a bhith a' neartachadh turas nan teachdaire nuair a thathar a' mòr-thaisbeanadh na h-Alba.

Gu làithreach, chan eil foghlam Gàidhlig ri fhaotainn ann an sgoiltean Dhùn Dè no taic ga thoirt do dh'ionnsachadh inbheach, ged a tha sinn mothachail gu bheil clasaichean Gàidhlig gan ruith le Ionad Cànan Thaobh Tatha agus Oilthigh Dhùn Dè. Ann an 2014, bha dà mhadainn cofaidh air an eagrachadh le Clì Gàidhlig, a bha air an Dè fhrithealadh.

Gu làithreach, chan eil fiosrachadh againn air an àireamh de luchd-obrach aig a bheil comas labhairt, leughaidh no sgrìobhaidh ann an Gàidhlig, le sgilean sam bith a thaobh cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach, no le miann air Gàidhlig ionnsachadh.



Caibideil 2 – Prìomh Dhealasan

Ann an Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig, tha Bòrd na Gàidhlig a' toirt fa-near gu bheil cruthachadh na h-àrainneachd cheart airson Gàidhlig a chleachdadh sa bheatha phoblaich, mar aon de na prìomh eileamaidean ann an ath-nuadhachadh cànan. Tha am Bòrd air ceithir prìomh raointean de liubhairt seirbheis a chomharrachadh far am bi buidhnean poblach a' dol an sàs sa Phlana Ghàidhlig aca – dearbh-aithne, conaltraidhean, foillseachaidhean agus sgioba-obrach. Tha an earrann seo den phlana a' mion-fhiosrachadh ar dealasan fo gach aon de na cinn sin. Tron phlana, is e an dealas againne a bhith a' taisbeanadh spèis co-ionann do Ghàidhlig agus Beurla a thaobh seirbheisean agus goireasan dà-chànanach sam bith, agus tairgse ghnìomhach a dhèanamh a thaobh ar prìomh dhealasan. Ann an libhrigeadh nan dealasan sin, rannsaichidh sinn meud a' chothrom air co-obrachadh le ùghdarrasan ionadail eile, gu h-àraid ann an sgìrean nàbaidheail Aonghais agus Pheairt, gus gnìomhan sam bith a liubhairt san dòigh as èifeachdaiche.

2.1 Dearbh-aithne

Tha Comhairle Baile Dhùn Dè a' tuigsinn cho cudromach 's a tha leudachadh air faicsinneachd na Gàidhlig agus meudachadh a h-inbhe. Is urrainn do làthaireachd na Gàidhlig ann an dearbh-aithne chorporra agus soidhnichean ùghdarrais ionadail, faicsinneachd a' chànan a neartachadh, inbhe a mheudachadh agus aithris chudromach a libhrigeadh a thaobh mar a tha luach ga chur agus aithne ga thoirt don Ghàidhlig. Faodaidh leasachadh air cleachdadh na Gàidhlig tro shoidhnichean, briathrachas luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a shaidhbhreachadh, mothachadh poblach don chànan a thogail agus cur ri a leasachadh.

Dearbh-aithne Corporra

Chan eil a' Chomhairle gu làithreach a' cleachdadh Gàidhlig na dearbh-aithne chorporra. Ma no nuair a dh'ath-bhrandaicheas a' Chomhairle sin, tionndaidhidh sinn an t-suaicheantas chorporra gu bhith dà-chànanach agus nì sinn cinn litreach chorporra dà-chànanach, a' taisbeanadh spèis co-ionann do Ghàidhlig agus Beurla agus sgaoilidh sinn seo a-mach air feadh sgìre an ùghdarrais, aig àm ùrachaidh no ath-nuadhachaidh.

Soidhneachd

Chan eil poileasaidh aig Comhairle Baile Dhùn Dè airson Gàidhlig a chleachdadh ann an soidhnichean. Comharraichidh sinn àireamh de shoidhnichean àrd-ìomhaigheach (m.e. air togalaichean nochdte no àiteachan inntigidh don bhaile, ach gun a bhith a' gabhail a-steach soidhnichean ainmean sràide, air an taghadh air bhunait inbhe, cleachdadh-coise agus faicsinneachd, gus an dèanamh dà-chànanach aig àm ùrachaidh no ath-nuadhachaidh air glè bheag cosgais no gun chosgais sam bith.

Ceann-latha Amasach

air ath-bhrannadh

Bho bhliadhna a h-aon agus a' leantainn thar beatha a' Phlana.

Prìomh Sheirbheisean

Àrd-Oifigear (Conaltraidhean)

Àrd-Oifigear (Conaltraidhean) agus Leasachadh Baile (Còmhdhail)

■ 2.2 Conaltraidhean

Tha Comhairle Baile Dhùn Dè a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a bhith a' cruthachadh chothroman airson cleachdadh dèantach air a' Ghàidhlig ann an raon fharsaing de shuidheachaidhean làitheil, agus dealasach a thaobh meudachadh a solar beag air bheag san sgìre seo far a bheil feum air an sin air a chomharrachadh.

Tha cleachdadh air a' Ghàidhlig sna h-àiteachan far a bheil am poball a' coinneachadh an toiseach ri ùghdarras poblach, a' meudachadh làthaireachd faicsinneach agus claistinneach a' chànain, a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh air a' Ghàidhlig comasach agus di-beathte. A thuilleadh air a bhith a' togail ìomhaigh a' chànain, tha e cuideachd a' cruthachadh chothroman airson a cleachdadh dèantach agus a' brosnachadh buill den phoball gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig nan dèiligidhean às dèidh sin leis an ùghdarras poblach.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an eadar-obrachadh leis an ùghdarras tron phost, post-dealain agus fòn, cudromach ann an cruthachadh chothroman dèantach airson an cànan a chleachdadh, agus ann an cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh air a' Ghàidhlig comasach agus di-beathte. Is urrainn do làthaireachd na Gàidhlig ann am bileagan, faicsinneachd agus inbhe a' chànain a neartachadh cuideachd. Faodaidh ullachadh air tionndaidhean Gàidhlig de sgrìobhainnean cuideachadh le leudachadh air raon de bhriathrachas Gàidhlig agus mothachadh a thogail don leithid sin de bhriathrachas leis a' phoball aig a bheil comas labhairt sa chànan, mar sin a' cuideachadh le leasachadh air a' chànan fhèin.

■ Fàilteachadh agus Seirbheis Fòn

Gu làithreach, chan eil Comhairle Baile Dhùn Dè a' solarachadh eileamaid Ghàidhlig san fhàilteachadh no san t-seirbheis fòn aca. Bidh trèanadh ann am mothachadh don Ghàidhlig agus trèanadh ann an sgilean Gàidhlig air an tairgsinn beag air bheag do phrìomh luchd-obrach aig prìomh ionadan-fàilteachaidh agus ionadan fiosrachaidh-fòn na Comhairle. Far a bheil sgilean Gàidhlig rim faotainn mar-thà, cuirear air adhart tairgse air an t-seirbheis sin.

■ Litrichean Puist-d

Gu làithreach, chan eil Comhairle Baile Dhùn Dè a' solarachadh eileamaid Ghàidhlig ann an litrichean puist-d. Coimheadaidh sinn a-rithist ri dreuchdan airson a chomharrachadh far am biodh e iomchaidh fiosrachadh puist-d dà-chànanach agus fèin-ghluasadach a bhith an gnìomh, no far a bheil luchd-obrach ag iarraidh seo.

Ceann-latha Amasach

Thar beatha a' phlana

Am Màrt 2016

Prìomh Sheirbheisean

Seirbheisean Corporra (Goireasan Daonna agus Seirbheisean Theachdaichean)

Seirbheisean Corporra (Goireasan Daonna agus Seirbheisean Theachdaichean / IT)

■ Foirmean

Gu làithreach, chan eil Comhairle Baile Dhùn Dè a' solarachadh eileamaid Ghàidhlig ann am foirmean. Ann an co-chomhairleachadh le Bòrd na Gàidhlig, comharraichidh sinn prìomh fhoirmean agus tionndaidhear iad gu bhith dà-chànanach agus an uair sin nì sinn tairgse ghnìomhach.

■ Modh Gearain

Gu làithreach, chan eil Gàidhlig air a gabhail a-steach do mhodh gearain na Comhairle. Cuirear an cèill eadar-theangachadh Gàidhlig de mhodal modh làimhseachaidh ghearanan airson ùghdarrasan ionadail le Ombudsman Sheirbheisean Poblach na h-Alba no Comhairlean eile, agus thèid fhoillseachadh agus bidh e ri fhaotainn le iarraidh.

■ Seirbheisean Eadar-mhìneachaidh aig Coinneamhan Poblach

Gu làithreach, chan eil seirbheisean eadar-mhìneachaidh gan solarachadh aig coinneamhan poblach. Far am bi feum air eadar-mhìneachadh ga chomharrachadh airson coinneamh dà-chànanach, agus fios reusanta ga fhaotainn ro-làimh, solaraichidh sinn eadar-theangaiche mar-aon agus foillsichidh sinn an t-seirbheis sin.

Ceann-latha Amasach

Am Màrt 2016

Thar beatha a' phlana

Thar beatha a' phlana

Prìomh Sheirbheisean

Àrd-Oifigear (Corporra)

Àrd-Oifigear (Corporra)

Seirbheisean uile



■ 2.3 Foillseachaidhean

Tha Comhairle Baile Dhùn Dè dealasach a thaobh a bhith a' cur taic ri meudachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig anns na raointean sin far as inntinniche a tha an cuspair don phoball san fharsaingeachd, no co-cheangailte ri cùisean Gàidhlig.

Is urrainn do stuth clò-bhuailte leasachadh na Gàidhlig a chuideachadh ann am measgachadh de dhòighean. Tha e a' cuideachadh le faicsinneachd na Gàidhlig a mheudachadh, tha e a' neartachadh inbhe na Gàidhlig le bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean àrd-ìomhaigheil, agus faodaidh e cuideachadh le briathrachas ùr a leasachadh agus briathrachas a th' ann a-cheana a neartachadh. Tha cleachdadh na Gàidhlig sna meadhanan a' cuideachadh le dealas do mheadhan na Gàidhlig a thaisbeanadh, a thuilleadh air faicsinneachd agus inbhe a' chànain a neartachadh.

■ Stuth Clò-bhuailte

Chan eil poileasaidh aig Comhairle Baile Dhùn Dè a thaobh foillseachaidh air stuth clò-bhuailte ann an Gàidhlig. Thèid stiùireadh a leasachadh ann an co-rèir ris a' phrionnsapal a thaobh spèis co-ionann agus fàs ceum air cheum. Comharraichidh sinn prìomh fhoillseachaidhean sam bith agus bheirear gu buil iad gu dà-chànanach, a' taisbeanadh spèis co-ionann do Ghàidhlig agus Beurla.

■ Làrach-lìn

Chan eil solar Gàidhlig sam bith air làrach-lìn Comhairle Baile Dhùn Dè. Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gun tòisich Gàidhlig a' nochdadh, sa chiad àite le bhith a' cur duilleag Ghàidhlig an aithne, air a sanasachadh air an duilleig dachaigh, air am bi ceangal chun a' phlana seo, ceangal gu làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig, le faidhlichean fuaimneach a bhios a' tairgsinn fuaimneachadh air beagan fhacail is abairtean Gàidhlig a tha cumanta.

Thar beatha a' phlana, tòisichidh sinn a' prìomh-shruthadh Gàidhlig a-steach do shusbaint na làraich-lìn chorporra, a' taisbeanadh spèis co-ionann do Ghàidhlig agus Beurla far am bi seo dèante. Tha an làrach-lìn againn a' cleachdadh Google Translate agus gabhaidh seo Gàidhlig a-steach cho luath 's a bhios e ri fhaotainn. (Mar shoilleireachadh, cha bhi buaidh aig an seo air ar dealas a thaobh a bhith a' cleachdadh seirbheis eadar-theangachaidh àrd-ghnèitheil mar a tha air a mhìneachadh ann an earrann 3.4 gu h-ìosal).

Ceann-latha Amasach

Am Màrt 2016

Prìomh Sheirbheisean

Àrd-Oifigear
(Conaltraidhean)

Am Màrt 2016

Àrd-Oifigear
(Conaltraidhean)

■ Stuthan Taisbeanaidh

Gu làithreach, chan eil sinn a' solarachadh eileamaid Ghàidhlig ann an stuthan taisbeanaidh. Air bunait ùrachaidh no ionadachaidh, nì sinn stuthan taisbeanaidh dà-chànanach, stèidhichte air inbhe agus lèirsinneachd àrd agus/no far a bheil ceangal faicsinneach eadar an stuth cuspaireil agus cànan na Gàidhlig.

■ Dàimhean Poblach / Meadhanan

Chan eil ball sònraichte den luchd-obrach aig Comhairle Baile Dhùn Dè a' dèiligeadh le dàimhean poblach / meadhanan ann an Gàidhlig. Gheibh ar n-oifigearan mheadhanan cuideachadh mar a bhios iomchaidh airson dèiligeadh le brathan naidheachd no le luchd mheadhanan far am bi feum air Gàidhlig.

Ceann-latha Amasach

Thar beatha a' phlana

Thar beatha a' phlana

Prìomh Sheirbheisean

Àrd-Oifigear (Conaltraidhean)

Àrd-Oifigear (Conaltraidhean)



■ 2.4 Luchd-obrach

Tha Comhairle Baile Dhùn Dè a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a bhith a' faicinn na Gàidhlig mar sgil obrach agus a bhith a' comharrachadh shuidheachaidhean far a bheil cleachdadh na Gàidhlig deatamach no ion-mhiannaichte. Tha a' Chomhairle a' tuigsinn cuideachd cho cudromach 's a tha e a bhith a' comasachadh luchd-obrach gu an sgilean Gàidhlig a leasachadh, ma tha iad air a shon.

Airson seirbheisean a liubhairt tro mheadhan na Gàidhlig, tha e riatanach na sgilean obrach air a bheil feum agus sgilean cànanan an luchd-obrach a leasachadh. Tha solar a thaobh ionnsachadh cànanan do luchd-obrach a' cuideachadh le ionnsachadh nan inbheach adhartachadh agus le Gàidhlig mar sgil fheumail san àite-obrach adhartachadh. Bidh comharrachadh air obraichean sa bheil Gàidhlig mar sgil ainmichte a' cur gu mòr ri inbhe a' chànain agus ri bhith ga comharrachadh mar sgil dhearbhadh a dh'fhaodar a thogail.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachadh a' cuideachadh le bhith a' tuigsinn gum bu chòir an cànan a bhith ga chleachdadh sa bheatha phoblaich agus gu bheil àite cudromach aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig an taobh a-staigh ùghdarras poblach.

Sgilean Cànan

Gu làithreach, chan eil fiosrachadh aig a' Chomhairle a thaobh ìrean de sgilean Gàidhlig am measg luchd-obrach. Coileanadh sinn sgrùdadh air sgilean Gàidhlig an luchd-obrach agus air ùidh ann an trèanadh an taobh a-staigh ciad bhliadhna a' phlana seo agus cuirear sgrùdadh an cèill a-rithist ro àm ath-sgrùdaidh a' phlana. Gheibh trèanadh prìomhachas air bunait toraidhean an sgrùdaidh agus buileachadh a' phlana.

Cothroman Trèanaidh

Gu làithreach, chan eil sinn a' tairgsinn cothroman trèanaidh do luchd-obrach a thaobh mothachadh don Ghàidhlig. Bidh sinn a' tairgsinn trèanaidh a thaobh mothachadh don Ghàidhlig do bhuill thaghte agus don àrd-sgioba obrach, ga sgaoileadh a-mach beag air bheag gu an luchd-obrach uile.

Cuiridh sinn duilleag Ghàidhlig an aithne air eadra-lìon na Comhairle le ceangal gun phlana seo agus le beagan fhacail is abairtean cumanta ann an Gàidhlig, le faidhlichean fuaime a bhios a' toirt seachad fuaimneachadh don luchd-obrach sin aig a bheil cothrom orra.

Nì sinn tairgse ghnìomhach do luchd-obrach a thaobh cothroman ionnsachaidh na Gàidhlig mar phàirt de phrògram plana leasachaidh pearsanta na Comhairle.

Sanasachadh agus Trusadh

Ceann-latha Amasach	Prìomh Sheirbheisean
Am Màrt 2016 air atharrais ron Mhàrt 2019	Seirbheisean Corporra (Goireasan Daonna)
Am Màrt 2016	Àrd-Oifigear (Corporra)
Am Màrt 2016	Àrd-Oifigear (Corporra)
Thar beatha a' phlana	Seirbheisean Corporra (Goireasan Daonna)

Gu làithreach, chan eil a' Chomhairle a' solarachadh cothrom air Gàidhlig a chleachdadh ann an sanasachadh agus trusadh luchd-obrach. Leasaichidh sinn poileasaidh a thaobh dhreuchdan sam bi Gàidhlig deatamach agus ion-mhiannaichte. Ma bhios Gàidhlig air a comharrachadh deatamach no ion-mhiannaichte, bidh an sgrìobhainneachd co-cheangailte ris an t-sanas agus an trusadh dà-chànanach.

Caibideil 3 – Cur Taic ri Plana

Ceann-latha Amasach

Tòiseachadh an taobh a-staigh dà bhliadhna den phlana

Prìomh Sheirbheisean

Seirbheisean Corporra (Goireasan Daonna)



Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' comharrachadh nan taobhan eadar-cheangailte a leanas de leasachadh cànan, leis am feumar dèiligeadh an taobh a-staigh Phlanaichean Gàidhlig:

1 Togail Cànan

Meudachadh na h-àireimh de luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an cànan air eadar-ghluasad an taobh a-staigh theaghlaichean agus le bhith a' faotainn chothroman èifeachdach airson Gàidhlig ionnsachadh.

2 Cleachdadh Cànan

Brosnachadh barrachd cleachdaidh air a' Ghàidhlig, a' solarachadh chothroman airson an cànan a chleachdadh agus ag adhartachadh ruigsinneachd air modhan labhairt sa Ghàidhlig.

3 Inbhe Cànan

Meudachadh faicsinneachd agus claistinneachd na Gàidhlig, a' neartachadh a h-aithne agus a' cruthachadh ìomhaigh dhearbhadh don Ghàidhlig ann am beatha phoblach na h-Alba.

4 Corpas Cànan

Neartachadh buntainneachd agus cunbhalachd na Gàidhlig agus ag adhartachadh rannsachadh sa chànan.

Cuiridh Comhairle Baile Dhùn Dè ri coileanadh nan ceann-uidhe sa Phlana Nàiseanta, tro bhuileachadh a' Phlana Ghàidhlig seo agus far am bi cothroman a' tighinn am bàrr ag adhartachadh a' chànan tro ro-innleachdan agus poileasaidhean eile.

Tha a' Chomhairle air na raointean leasachaidh a leanas gu h-àraid, a chomharrachadh:

- sgaoileadh fiosrachaidh gu pàrantan agus rannsachadh air comasachd a thaobh solar sheirbheisean tràth-bhliadhnaichean tro mheadhan na Gàidhlig agus Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, a' gabhail cunntas air an reachdas agus air an stiùireadh a tha air a thoirt seachad le Bòrd na Gàidhlig.
- ag obair le buidhnean le ùidh sa Ghàidhlig agus buidhnean foghlaim inbheach gus solar a chomharrachadh agus adhartachadh do luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig, agus beachdachadh air mar a dhèiligear le beàrnan sam bith ma bhios iarrtas cudromach ann.
- meudachadh faicsinneachd agus aithneachadh don Ghàidhlig.
- meudachadh ruigsinneachd air prìomh fhiosrachadh gu dà-chànanach.

Tha Comhairle Baile Dhùn Dè dealasach a thaobh taic a chur ri buileachadh a' Phlana Nàiseanta agus a bhith ag obair ann an com-pàirteachas leis a' choimhearsnachd Ghàidhlig. Anns na h-earrannan a leanas, tha sinn a' mìneachadh mar a chuireas sinn ris gach aon de na ceithir taobhan eadar-cheangailte de leasachadh cànan.

■ 3.1 Togail Cànan

Tha Comhairle Baile Dhùn Dè a' tuigsinn gu bheil feum aig seasmhachd don Ghàidhlig san àm ri teachd air barrachd dhaoine ag ionnsachadh a' chànan, agus aire a bhith cuimsichte air foghlam agus ionnsachadh inbheach mar phrìomh mheadhan air seo a choileanadh. Gabhaidh sinn na ceumannan a tha air am mìneachadh gu h-ìosal gus cuideachadh le àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson fàs anns an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba. A thuilleadh air an sin, leanaidh sinn na molaidhean a rinn Bòrd na Gàidhlig dhuinn gum bu chòir don Chomhairle:

- beachdachadh air labhairt ri co-bhanntachd an GLPS mu chomasachd air fiosrachadh fhaotainn agus cothrom air trèanadh do luchd-obrach.
- ceanglaichean a stèidheachadh le Comhairle Aongais a thaobh liubhairt air FMG sa bhun sgoil.

■ Gàidhlig ann am Foghlam

Cothroman leasachaidh luchd-obrach do thidsearan a sholarachadh gus sgilean Gàidhlig a leasachadh airson an cleachdadh sa chlasrum.

A' leantainn air sgaoileadh fiosrachaidh gu pàrantan, beachdachadh air comas a thaobh solar foghlaim tràth-bhliadhnaichean tro mheadhan na Gàidhlig agus Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

Cothroman ionnsachaidh a sholarachadh a thaobh mothachadh don Ghàidhlig do sgoilearan aois 3-18.

Tuigsinn gum faodadh Gàidhlig a bhith mar aon de na cànanan anns a' mhodal 1+2 airson ionnsachadh agus teagasg chànanan a tha ga chur an cèill le Riaghaltas na h-Alba, agus beachdachadh air comas solarachadh don chuspair seo le ùmhlachd do dh'iarrrtas agus ealantas buntainneach luchd-obrach.

Adhartachadh òrain Ghàidhlig agus ceòl traidiseanta tro ghnìomhachdan cultarach sna sgoiltean.

■ Gàidhlig ann an Ionnsachadh Inbheach

Obair le buidhnean le ùidh ann an Gàidhlig agus buidhnean foghlaim inbheach eile gus cothroman ionnsachaidh na Gàidhlig a chomharrachadh, adhartachadh agus a liubhairt, ma bhios iarrrtas gu leòr ann.

Taic togail-comais a sholarachadh do bhuidhnean coimhearsnachd agus iomairtean Gàidhlig is cultair ùra agus a th' ann mar-thà, gus cuideachadh le ìomhaigh a' chànan fhàs, cleachdadh ùr a mheudachadh agus luchd-ionnsachaidh ùr a bhrosnachadh.

Ceann-latha Amasach	Prìomh Sheirbheisean
Thar beatha a' phlana	Clann agus Teaghlaiichean
Thar beatha a' phlana	Clann agus Teaghlaiichean
Thar beatha a' phlana	Clann agus Teaghlaiichean
Thar beatha a' phlana (ach le aire don cheann-latha crìochnachaidhairson modal 1+2 ann an 2020)	Clann agus Teaghlaiichean
Thar beatha a' phlana	Clann agus Teaghlaiichean
Am Màrt 2016	Seirbheisean Nàbaidheachd (Coimhearsnachdan)
Thar beatha a' phlana	Seirbheisean Nàbaidheachd (Coimhearsnachdan)

■ 3.2 Cleachdadh Cànan

Tha Comhairle Baile Dhùn Dè a' tuigsinn gu bheil cruthachadh seasmhachd don Ghàidhlig san àm ri teachd ag iarraidh chan e a-mhàin meudachadh san àireamh de dhaoine a tha comasach air Gàidhlig a labhairt, ach meudachadh air cleachdadh ann an da-rìribh. Bidh ar dealas a thaobh taisbeanadh spèis co-ionann do Ghàidhlig agus Beurla air a thaisbeanadh far am bi na cànanan a' nochdadh air làraichean-lìn agus ann am fiosrachadh mu thachartasan, taisbeanaidhean agus prògraman airson goireasan cultarach, agus bidh Gàidhlig air a prìomh-shruthadh mar phàirt de phrògraman cur-seachad is coimhearsnachd na Comhairle, ann an com-pàirteachas le Cur-seachad is Cultar Dhùn Dè, mar a bhios iomchaidh. Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas:

■ Gàidhlig ann an Coimhearsnachdan

Taic a thoirt do bhuidhnean ionadail gus a' Ghàidhlig agus a cultar a sholarachadh agus a leasachadh, le bhith a' comhairleachadh agus a' cuideachadh bhuidhnean gu fàs agus feumalachdan na coimhearsnachd a choileanadh, agus gu gnìomhach ag adhartachadh ionnsachadh fialaidh air foghlam inbheach.

■ Gàidhlig san Àite-obrach

Leasachadh poileasaidh a thaobh dhreuchdan far a bheil Gàidhlig deatamach agus ion-mhiannaichte agus solarachadh sanasan dhreuchdan Gàidhlig agus sgrìobhainneachd trusaidh, far a bheil iartas ga fhaicinn air a shon.

Solarachadh bhrathan naidheachd ann an Gàidhlig far a bheil buntainneas ris a' choimhearsnachd Ghàidhlig agus taghadh de bhrathan naidheachd àrd-ìomhaigheil.

Solarachadh raon de dh'fhiosrachadh ann an Gàidhlig air làrach-lìn na Comhairle.

Com-pàirteachadh ann an Latha Gàidhlig Tuiteir.

Ceann-latha Amasach	Prìomh Sheirbheisean
Thar beatha a' phlana	Seirbheisean Nàbaidheachd (Coimhearsnachdan)
Tòiseachadh an taobh a-staigh dà bhliadhna den phlana	Àrd-Oifigear (Conaltraidhean)
Thar beatha a' phlana	Àrd-Oifigear (Conaltraidhean)
Thar beatha a' phlana	Àrd-Oifigear (Conaltraidhean)
Thar beatha a' phlana	Àrd-Oifigear (Conaltraidhean)



■ Gàidhlig sna h-Ealain

Ath-sgrùdadh agus leasachadh cleachdadh air òrain Ghàidhlig agus ceòl traidiseanta sna sgoiltean.

Dèanamh cinnteach gu bheil buidhnean Gàidhlig ceangailte a-steach do lionraidhean cultarach a' bhaile agus an sàs ann an leasachadh agus liubhairt air ro-innleachdan is prògraman iomchaidh.

Ag obair ann an com-pàirteachas le coimhearsnachdan Gàidhlig san sgìre, le buidhnean Gàidhlig a tha ag obair aig ìre nàiseanta agus le ùghdarrasan poblach eile aig a bheil Planaichean Gàidhlig, gus prògram de thachartasan Gàidhlig a chruthachadh do dh'ìnbhich.

Meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann am fiosrachadh airson tachartasan is taisbeanaidhean freagarrach.

■ Gàidhlig ann an Turasachd, Dualchas agus Cur-seachadan

Obrachadh le ar com-pàirtichean a tha a' stiùireadh leabharlannan, taighean-tasgaidh, goireasan dualchais is eile, gus Gàidhlig a nochdadh nan solar agus nam prògraman.

Brosnachadh Cur-seachad is Cultar Dhùn Dè gu leantainn air adhart a' ceannach leabhraichean ann an Gàidhlig agus mu ionnsachadh na Gàidhlig do leabharlannan a' bhaile.

Obrachadh le Comann Gàidhealach Dhùn Dè agus Biùro Co-chruinneachaidh Dhùn Dè agus Aonghais, ann an tairgse a thaobh aoigheachd a thoirt don Mhòd Nàiseanta ann an 2021 no gu luath às dèidh sin.

Ceann-latha Amasach

Thar beatha a' phlana

Thar beatha a' phlana

Thar beatha a' phlana

Thar beatha a' phlana

Thar beatha a' phlana

Thar beatha a' phlana

An Dùbhlachd 2016

Priomh Sheirbheisean

Clann agus Teaghlaicean

Com-pàirtichean maoinichte (nam measg Cur-seachd is Cultar Dhùn Dè)

Com-pàirtichean maoinichte (nam measg Cur-seachd is Cultar Dhùn Dè)

Seirbheisean uile

Com-pàirtichean maoinichte (nam measg Cur-seachd is Cultar Dhùn Dè)

Cur-seachad is Cultar Dhùn Dè

Àrd-Oifigear (Corporra), Comann Gàidhealach Dhùn Dè agus Biùro Co-chruinneachaidh Dhùn Dè agus Aonghais

Port Bhruchaidh Broughty Ferry



■ 3.3 Inbhe Cànain

Tha Comhairle Baile Dhùn Dè a' tuigsinn gu bheil inbhe cànain fo bhuaidh a làthaireachd anns an àrainneachd làitheil agus an ìre gu bheil i air a cleachdadh, air a luach agus mar a thathar a' faireachdainn a tha i air a luach le aitreabhan aig a bheil pàirt chudromach nar beatha làitheil. Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas:

■ Meudachadh Faicsinneachd na Gàidhlig

Air bunait ath-ùrachaidh no ath-ionadachaidh gus a dhèanamh cinnteach nach bi cosgais sam bith no glè bheag de chosgais na lùib, a' solarachadh soidhneachd dà-chànanach ann an làraichean àrd-ìomhaigheil (m.e. togalaichean nochdte, agus àiteachan inntigidh don bhaile, ach a' fàgail às soidhnichean a thaobh ainmean sràide.)

Ceann-latha Amasach	Prìomh Sheirbheisean
Thar beatha a' phlana	Àrd-oifigear (Conaltraidhean) agus Leasachadh Baile (Còmhdhail)

■ 3.4 Corpas Cànain

Tha Comhairle Baile Dhùn Dè a' tuigsinn an fheum air buntainneachd is cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh agus cho cudromach 's a tha seirbheisean eadar-theangachaidh àrd-chàileachd. Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas:

■ Dèanamh cinnteach à eadar-theangachadh is eadar-mhìneachadh ceart ann an Gàidhlig

Ann an eadar-theangachadh fiosrachadh Comhairle no solarachadh eadar-theangairean mar-aon, cleachdaidh Comhairle Baile Dhùn Dè eadar-theangairean le Dè chliù dearbhte, a' dèanamh cinnteach gu bheil ceumannan air an gabhail a thaobh barantas càileachd.

Cumaidh Comhairle Baile Dhùn Dè ri gnàthachas litreachaidh na Gàidhlig agus cleachdar seirbheisean Ainmean-Àite na h-Alba mar stiùireadh air ainmean-àite ann an Gàidhlig.

Ceann-latha Amasach	Prìomh Sheirbheisean
Thar beatha a' phlana	Àrd-Oifigear (Conaltraidhean) agus Seirbheisean Nàbaidheachd (Coimhearsnachdan)
Thar beatha a' phlana	Seirbheisean uile

Caibideil 4 – Foillseachadh, Buileachadh agus Sgrùdadh a' Phlana

Bidh Plana Gàidhlig Comhairle Baile Dhùn Dè air fhoillseachadh ann an riochd dà-chànanach air làrach-lìn na Comhairle, a' taisbeanadh spèis co-ionann do Ghàidhlig agus Beurla. A thuilleadh air an sin, bidh sinn:

- bidh lethbric den phlana rim faotainn sna h-oifisean poblach againn, nar n-ionadan fàilteachaidh agus sna leabharlannan.
- a' cur a' phlana an aithne do luchd-obrach tro eadra-lìon Comhairle Baile Dhùn Dè agus teachdaireachdan gu 'luchd-obrach uile'.
- a' sgaoileadh lethbhric den phlana gu com-pàirtichean agus gu buidhnean eile le ùidh.
- a' foillseachadh brath naidheachd àrd-chàileachd dà-chànanach anns am bi fiosrachadh mun phlana.
- a' dèanamh lethbhric a bhios rim faotainn le an iarraidh.

Tha am Plana air aontachadh le buill na Comhairle agus leis an àrd-sgioba stiùiridh. Bidh an t-Àrd-Oifigear cunntachail airson a dhèanamh cinnteach gun coilean a' Chomhairle a dealasan mar a tha air am mìneachadh sa Phlana. Bidh iad sin sa mhòr-chuid air am maoineachadh à buidseatan a th' ann cheana, ged a bhios a' Chomhairle gnìomhach ann an sireadh chothroman maoineachaidh bhon taobh a-muigh gu liubhairt air na cinn-uidhe sa Phlana a neartachadh.

Cumaidh sinn sùil air adhartas a' Phlana le bhith a' cur a-steach aithisg bhliadhnail gu Bòrd na Gàidhlig agus gun Chomhairle agus coileanaidh sinn làn ath-sgrùdadh, a' gabhail a-steach co-chomhairleachadh poblach agus ann an co-bhonn ri Bòrd na Gàidhlig, an taobh a-staigh 5 bliadhna bhon cheann-latha air an deach am Plana aontachadh.

Fiosrachadh Taic

Is e an t-oifigear le làn uallach airson buileachadh is sgrùdadh air Plana Gàidhlig Comhairle Baile Dhùn Dè:

Daibhidh R Màrtainn
Àrd-Oifigear
Comhairle Baile Dhùn Dè 21 Ceàrnag a' Bhaile
Dùn Dè
DD1 3BY

01382 434201
david.martin@dundeecity.gov.uk

Bu chòir ceistean mu ullachadh agus obrachadh làitheil air a' Phlana a chur gu:

Uilleam MacFhionnlaigh
Oifigear Planaidh Corporra
Comhairle Baile Dhùn Dè 21 Ceàrnag a' Bhaile
Dùn Dè
DD1 3BY

01382 434094
bill.findlay@dundeecity.gov.uk





Dundee City Council **CHANGING FOR THE FUTURE**

www.dundee.gov.uk